

Nua-bhàrdachd nam Ban

Cor gu Còraichean

MÀIRI NICGUMARAID

Latha Luain
An oidhche raoir soilleir a-rithist o sholas gealaich
Oidhche Shàbainn
Agus a-rithist bròn binn reòite-cam ri cuimhne
Oir 's sibh bha luath ri buain faireachdainn
Gus gaol màthar thoirt a theagamh
Nur diadhaidheachd
'S nur luaidheachd lùbach oideachaidh

Am b' ann a-mhàin o bhur n-aire soisgeil
A thaghadh sibh bratach-bhriathran fhreagarrach
'S am bu bhinne bhur binn shòlasach
Nuair theireadh eascaraid ur creideamh rium
Le gàire "A bheil athair ann?"
Esan cho àrd na easaontachd
Ma b' fhìor?

Là Luain ann "Ic Thòmais"
Nach iomadh dhiubh a th' agaibhse
Oidhche ùrnaigh
Guidheamaid maitheanas o bhur breitheanas
Agus seasmhachd gràdh Dhè gu mo dhion
O ur fuadachd
'S na dh'fhaodadh a bhith maille rium

An d' fhuair dha-riribh sibh cead Dhè
A sheasamh breitheach àrdmhor
Air irioslachd cridhe neach na Fhianais
'S air dìomhaireachd cùis anam'
Comas cailteach do leanabh
Gun gabhadh sibh ùghdarras oirb' fhèin
Foghlam easbalaideachd?

Condition to Rights

MARY MONTGOMERY

Moon day
Last night bright again from light of the moon
Sun day
And again the grief of judgement bias-iced to
memory
For you were quick to pluck emotion
To foster doubt in mother love
In your piety
And in your bent laudacious learning

Was it entirely from your gospel *ègards*
You would elect a suitable *ensign* to eloquence
And was sweetest your joyful judgement
When nemesis of your creed would ask me
With a laugh "Is there a father?"
Him so high in dissention
As if

Day of Judgement in "Thomson's"
What a lot of them you have
Night of prayer
Shall be beseeched remission from your sentence
And God's steadfast love to guard me
From your banishment
And all who could be with me
Did you indeed receive God's leave
To stand in judgement high
On the humility of a person's heart before Him
And the confidence of matters soul
License for loss for a child
The authority upon yourselves to take
Absolution education

Dannsa

VICTORIA NICÌOMHAIR

Togaibh ur casan is togaibh ur cinn,
gu mullach nam beanntan is bonn na tìr –
an ceòl a 'ruith 's a' sruthadh tromhaibh,
mar cheò na mara, ur còmhachadh mìn.

Gach casadh na dreasa is ruidhle nan cas,
mar iolair eireachdail air sgèith os cionn àrd –
ur gluasadan rèidh mar shnàithlean dhan t-snàthad,
ag obair le ruitheam nàdarra gun teòradh no stad.

Leis a' phong-chiùil mu dheireadh, thàinig fois air
an t-saoghal,
nochd gàire nad shùilean 's tu deiseil as ùr –
le ceòl nad chridhe is casan làn eachdraidh,
's ar sgeulachdan dannsa a mhaireas gu sìorraidh.

Riaghailtean

VICTORIA NICÌOMHAIR

Seas àrd.
Bi socair.
Suidh snog.
Na gearain.
Na argamaid.
Na cuir crith san t-saoghal.

Ach.

Ruith cho luath 's nach glac iad sibh.
Èigh cho àrd 's nach leig seachad iad sibh.
Ruig air a' mhullach is bris sìos an le sgiamh:
Chan eil àite an seo son nan riaghailtean a-nis.

AON MHADAINN, DHÙISG mi, agus
bha mo stamag na clach. B' e
clach mhìn a bh' innte agus bha
i trom, cruaidh agus fuar. Dh'fhairich mi
fhèin gu h-eadar-dhealaichte cuideachd:
sgèith, dealaichte, neo-bheòthail. Bha
mi àbhaisteach an latha roimhe agus,
dìreach mar sin, thàinig a' chlach. Ged a
's e duine de thrithead bliadhna a dh'aois
a th' annam, bidh mi fhathast a' fònadh
mo mhàthar nuair a bhios rudan doirbh
a' tachairt, agus b' e suidheachadh doirbh
a bh' ann an seo, gu cinnteach. Fhreagair i
às dèidh trì seirmean.

'Tha mo stamag na clach,' thuirt mi.

'Tha, agus mise,' thuirt i.

'Ò, tha mi a' faireachdainn cho sgèith, a
Mham. Na bu sgèithe na bha mi a-riamh.'

'Tha, agus mise,' thuirt i. Agus bha
coltas garbh air a guth, cuideachd.

'Dè nì sinn mu deidhinn? Chan eil mi
cinnteach an urrainn dhomh cumail a'
dol mar seo.'

'Chan eil dad sam bith ri dhèanamh,'
thuirt i. 'Tha mi duilich.'

Bha mi sàmhach. Cha robh cofhurt
sam bith na guth, agus bha mi a' feitheamh
ris. Cha tàinig e.

'Ò, uill, tìoraidh an-dràsta, co dhiù,'
thuirt mi.

'Tìoraidh. Tha mi duilich,' thuirt i
a-rithist.

Chuir mi am fòn sìos agus dh'fhairich
mi goirteas nam bhroilleach a' dol suas gu
mo sgòrnan. Ach stad mi e an sin. Cha
robh mi a' dol a ghal. Cha robh adhbhar
ann. Ghabh mi anail mhòr agus thòisich
mi deiseileachadh airson obair, ach bha
e gu math doirbh sin a dhèanamh le
mo stamaig mar sin. Bha mi slaodach,
agus stadainn gu tric airson anail mhòr
a ghabhail air sgàth na h-oidhirpe a
bha mi a' dèanamh. A thuilleadh air
sin, dh'fhairich mi gun robh mi air mo
mhùchadh fo plangaid shneachda, agus
bha mo sgòrnan goirt bho bhith a' cumail
nan deur air ais mar loch air cùl dàim.

Tha mi air a' bhith ag obair ann am
bùth a' bhathair-chruaidh bhon a dh'fhàg
mi an sgoil, agus tha e a' còrdadh rium.

'S toil leam na fàilidhean – am peant, am
fiodh, a' mheatailt, an ola – agus 's toil
leam gu bheil fios agam air far a bheil a
h-uile rud.

An latha sin, bha e gu math sàmhach,
agus mar as àbhaist bhiodh sin a' còrdadh
rium. Bhithinn a' sgioblachadh anns a'
phreas-stòrais, agus a' coimhead a-mach
às an uinneig air daoine a' tighinn agus
a' falbh bho oifis a' phuist, taobh thall an
rathaid. Ach, an latha sin, cha robh dad a'
faireachdainn ceart air sgàth na cloiche.
Às dèidh uair a thìde ag obair (bhithinn
ag ràdh 'obair', ach cha robh mi ach a'
brудар nam dhùisg a' mhòr-chuid den
ùine) dh'fhaighnich Coinneach dhomh
dè bha ceàrr.

'Tha mo stamag na clach,' thuirt mi,
agus dh'fhairich a' chlach na bu cruaidhe
aon uair 's gun tuirt mi sin.

'Ò,' thuirt e. Bha coltas cearbach air.

'Seall,' thuirt mi, agus thog mi mo
gheansaidh suas airson a sealltainn dha.
Chòimhead e oirre fad diog ach gu
follaiseach, cha robh e ag iarraidh a bhith
faisg orm.

'Ò,' thuirt e, a-rithist. 'Tha sin, aodh,
tha sin duilich. Ach, fhios agad, uaireannan
tha e dìreach nas fheàrr a bhith a' cumail
a' dol... Smaoinich air rudeigin eile...'

'Ach,' thuirt mi, le às-creideas. 'Tha
mo stamag na clach! Ciamar a bhios mi
a' smaoinichadh mu dheidhinn rudeigin
eadar-dhealaichte?'

'Uill... aodh... ò, tha mi a'
smaoinichadh gu bheil cuideigin a'
tighinn,' thuirt e. 'Tha, tha cuideigin a'
tighinn.' Agus choisich e air falbh.

Bha a' chlach a' faireachdainn gort agus
mòr, mar gun robh i a' plogadh. 'Aoibh!'
smaoinich mi. Dh'fhairich mi mar gun
robh mi a' spreadhadh, agus chaidh
mi dhan taigh-bheag ann an cabhag.
Taobh a-staigh an dorais, thòisich mi a'
caoineadh. Ò, bha sin a' faireachdainn
math. Òòòò... Brònach agus beagan
gòrach ach math co-dhiù. Leig mi
a-mach gal agus chuala mi am mac-talla
a' dol timcheall an t-seòmair bhig. Chuir
e iongnadh orm cho dòlasach 's a bha

A' Chlach

SHEENA AMOS



an guth, agus dh'fhairich mi nàraichte. Cha robh e cho dona ri sin. Às dèidh mionaid neo dhà, stad na deòir agus, ged a dh'fhairich mi falamb, bha mo stamag beagan na b' fheàrr agus bha mo sgòrn na b' fhosgailte. Anail mhòr a-rithist agus bha mi air ais anns a' bhùth.

Às dèidh latha obrach, eadar mulad agus falambachd, chaidh mi dha taigh Ailein far an rachainn gach Diluain airson dinnear ithe. Bha mise agus Ailean aig an sgoil còmhla, agus bhiodh e a' fuireach aig an taigh sin còmhla ri a mhàthair, ach chaochail i còig bliadhna air ais agus bha e air a' bhith na aonar on àm sin. Air sgàth 's gum bi mise cuideachd nam aonar, anns an aon ionad-thaighean, curaidh sinn seachad beagan ùine còmhla. Às dèidh dhuinn dinnear ithe (paidh is pònairean àmhainn: chan e còcaire a th' ann an Ailean) chaidh sinn nar suidhe anns an t-seòmair-shuidhe bheag aige, le leabhraichean, pàipearan agus litreachan mun cuairt. Bha sinn air a bhith a' cabadaich tron dinnear, ach cha do bhruidhinn mi air a' chloich. Cha robh mi ag iarraidh gum biodh Ailean a' faireachdainn cearbach agus, co-dhiù, aig an ìre sin bha mi air tòiseachadh tuigsinn gun robh an trioblaid seo gu math prìobhaideach. Ach, nam shuidhe anns an t-seòmair-shuidhe bheag, bhàth, le cupa tì nam làimh, dh'fhairich mi sèimh, sàmhach.

'Thachair rudeigin doirbh dhomh,' thuirt mi.

'Ò, seadh,' ars esan. 'Bha fios agam

gun robh rudeigin eadar-dhealaichte. Dè thachair?'

'Ciamar an robh fios agad?' thuirt mi. Cha do mhothaich duine sam bith eile.

'Chan eil fhios agam. Dìreach, bha fios agam. Chan eil fhios agam carson. Dè thachair, co-dhiù?' dh'fhaighnich e.

'Uill, tha fios agam gu bheil e beagan neònach, ach tha mo stamag na clach,' thuirt mi, agus a-rithist, dh'fhairich mi a' chlach chruaidh na suidhe gu trom nam bhroinn.

'À,' thuirt esan, le tuigse. 'Tha sin doirbh gu cinnteach. Ciamar a tha thu a' faireachdainn? A bheil thu ceart gu leòr? An urrainn dhomh dad sam bith a dhèanamh dhut?'

Uill, cha robh mi an dùil ri seo.

'Uill, tha mi a' faireachdainn beagan... aobh...' Ò, thighearna, bha na deòir a' tighinn a-rithist.

Às dèidh greis, bha mo dheòir air an tioramachadh agus choimhead mi suas air. Bha mi an dùil gum biodh e beagan mì-chofhurtail, ach cha robh e ach a' coimhead orm le coibhneas, a' feitheamh orm gus am bithinn deiseil gu mo sgeulachd innse.

'Sin e, dìreach. Thàinig a' chlach agus a-nis tha mi a' faireachdainn sgìth agus trom fad na h-ùine. Chan urrainn dhomh cumail a' dol mar seo, ach chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil dad sam bith ri dhèanamh mu deidhinn. Tha mo mhàthair ag ràdh gun do dh'èirich an aon

rud oirrese agus tha ise a' faireachdainn gu h-uabhasach cuideachd.'

Ghabh Ailean osna mhòr agus shuidh e air ais anns an t-sèitheir aige.

'Thachair an aon rud dhòmhsa,' thuirt e. 'Dè? Bha do stamag na clach cuideachd?' thuirt mi le iongnadh.

'Bha.'

'Ach chan eil fhathast?'

'Chan eil.'

'Uill, ma-thà! Innis dhomh na rinn thu!' thuirt mi. 'S docha gum biodh freagairt agam mu dheireadh thall.'

'Chan eil e cho simplidh ri sin. Tha mi duilich.' Bha coltas brònach air.

'Ò' thuirt mi. Dh'fhairich mi tonn fannachd. 'Dè thachair leis a' chloich, mar sin?'

'Thachair e air an aon dòigh. Aon latha, bha mi ceart gu leòr, an ath latha, bha mo stamag na clach. Chaidh mi dhan dotair agus thuirt e gum bithinn na b' fheàrr dìreach cumail a' dol agus m'obair a dhèanamh mar a b' àbhaist. Rinn mi sin, agus gach oidhche, thiginn dhachaigh, dh'ithinn dinnear agus rachainn dhan leabaidh. Fhios agad, bha mi cho sgìth 's nach b' urrainn dhomh rud sam bith eile a dhèanamh ach a-mhàin sin. Gach madainn, fad diog, nuair a dhùisginn aig an toiseach, bhiodh a h-uile rud a' faireachdainn ceart, ach nuair a thionndaidhinn, mhothaichinn a' chlach agus chuimhnichinn an trioblaid a bh' agam a-rithist.'

'Agus ciamar a fhuair thu cuidhteas dhi mu dheireadh thall?' dh'fhaighnich mi.

'Uill, chan eil fhios agam, leis an fhìrinn innse,' thuirt e. 'Dìreach, chuir mi seachad an ùine, a' feitheamh gus am biodh i a' falbh: chaidh mi a ruith, chaidh mi a choisreachd, cheannaich mi rudan gòrach air loidhne, dh'òl mi anns an taigh-sheinnse. Rud sam bith airson dìochuimhneachadh mu deidhinn. Agus às dèidh bliadhna neo dhà, dh'fhalbh e.'

'Bliadhna?!' dh'èigh mi. Bha mi an dòchas gum biodh e seachad às dèidh latha neo dhà. Aig an àm sin, dh'fhairich e do-fhulangach.

'Seadh, bliadhna,' thuirt e, le osna. 'A bheil thu airson faicinn far an deach e?'

'An deach i dh'àiteigin?' thuirt mi.

'Chaidh. Thig còmhla rium. Bidh feum agad air do sheacaid.'

Choisich sinn gu coille air oir a' bhaile, far an robh allt farsaing, ciùin. Agus anns an allt, bha iomadh chlathan mine, cruinne, coltach ris a' chloich agamsa. Bha cuid dhiubh gu math mòr, nan seasamh a-mach às an uisge agus cuid eile na bu bhige, bleithe leis an allt.

'Aig an toiseach,' thuirt Ailean, 'nuair a thàinig mo chlach an seo, bha i gam ionndrainn. Ach a-nis, tha i an seo agus tha mise beò air an t-saoghal. Agus tha sin taghta.'

'Nach eil an uiread de chlathan cho brònach?' thuirt mi.

'Chan eil, ach sòlasach.' ■

Nua-bhàrdachd na Gàidhealtachd le Seonaidh Charity

Am Briseadh

SEONaidh CHARITY

Lùnastal 2022

Bidh an còmhraidh sin nam chuimhne
gu bràth, a bhràthair bhig,
do ghuth, do chrith, do chainnt,
do spiorad fhèin a' tuiteam
dhan t-sloc dhubh dhomhainn.
Na làmhnan mòra ud, shuas mu do shùilean,
do mhala dearg, na deòir, na deòir.

Cha b' urrainn dhomh ach coimhead –
do bhriathran is do ghluasad briste,
na drisean mud adhrannan,
a' greimeachadh air do chalpannan,
gad tharraing a-bhàn, na gathan goirte, geura,
a' sàthadh is a' sracadh luirgeannan rùisgte.

Ach, an siud, chuimhnich mi air latha eile,
air leathad na Seana Bhràigh,
an sneachda, cruaidh sleamhainn fo ar casan,
nuair a thuit mi le sgìths air mo dhà glhùin,
is thionndaidh thu le gàire air d' aodann,
toit nad bheul.

Thabhainn thu dhomh do làimh,
is tharraing thu mi dhan chàirn.

Toll an Lochain

SEONaidh CHARITY

Bha braon mìn air mo bhilean
a' gabhail cheumannan cearbach
tarsainn aghaidh bhriste na Caillich,
is Sròn Goibhre gharbh.

Rinn mo chridhe èirigh le dòchas faoin na h-òige
is iomagain gheur na h-inbheachd:
an t-àite seo, aisling nam fichead bliadhna,
a riochd gus tighinn nam fhradharc.

Gun agam ach dealbh inntinn
air a tharraing le fathann is criomag sgeòil,
an Stalcair, nach maireann, mar theachdaire,
air meud is glòir an tuill.

Sheas sinn aig ceann an uillt,
an loch fhathast fo phlaide cheò.
Thionndaidh mi air mo shàil, cur cùl ri ceann-uidhe,
a ghabhail tiotan eile iongnaidh.

Nua-bhàrdachd Dhùn Èideann le Iain Stiùbhart Moireach

An Sealladh

IAIN STIÙBHART MOIREACH

Chì mi Loch na Gàire na gaoithe.
Chì mi Stùc a' Chròithean nam mart.
Chì mi Beinn na Còinnich nam maigheach.
Chì mi Beinn Artaich nam fuaran,
ri taobh an locha leathainn is rèidh.
Chì mi Sìth Chailleann na caillich,
far an d' rinn an luchd-saidheans sgrùdadh.
Chì mi Beinn a' Ghleò nan sgòth,
far an do chruinnich
a' Bhaintighearna Mhoireach
sgeulachdan, òrain is bàrdachd.
Chì mi Beinn Labhar an fhàidh
far am bi na flùraichean dathail a' fàs.
Chì mi Innis Chaluum na h-Abaid,
mar bàta air an Linne fhada, fharsaing;
's a' Ghàidhealtachd air astar,
agus tha i a' cur a' chianalais mòr orm.

Cha Robh Gàidhlig Ann!

IAIN STIÙBHART MOIREACH

Air an àird a tuath,
chì mi Inbhir Lite is Creag an t-Sionnaich;
ged nach robh Gàidhlig ann.

Air an àird an ear,
chì mi Inbhir Easg is Cùil Choinnich;
ged nach robh Gàidhlig ann.

Air an àird a deas,
chì mi An Druim, Am Bràghad is Creag an Tairbh,
ged nach robh Gàidhlig ann.

Air an àird an iar,
chì mi Dail MoThutha, Am Bail' Àirneach is Dùn Deas,
Crois Thoirfinn is Tiobar-Linne;
ged nach robh Gàidhlig ann.

Chì mi 'n tìr is na h-uisgeachan is na h-aibhnichean.
Chì mi na lusan, na h-ainmhidhean is na beathaichean
's chì mi na naoimh, na h-uaislean is a' mhuinntir.

Mura robh Gàidhlig ann,
bha na Gàidheil balbh
agus na Goill bodhar.

THUIT AM FEAR a-steach dhan tagsaidh aig Ishmael Hussein air a ghiùlan air caochan adhar tais fogharach Ghlaschu. Bhrag doras an tagsaidh air a chùl, a' gearradh dheth gleadhraich na trafaige. Nuair a choimhead Ishmael san sgàthan aige, fhuair e sealladh air sgall air a chuaireachadh le nead de dh'fhalt peallach fliuch. Dh'èirich faileadh milis searbh na dibhe às an daoine, a' lìonadh taobh a-staigh a' chàir. Bha Ishmael air fàs cleachdte ris an fhàileadh sin, ach cha robh aig 11 uairean sa mhadainn. Cha do thog an duine a cheann aomte is cha tàinig facal às. Rèitich Ishmael an sat-nav air an fhòn na chrochadair ri taobh na cuibhle-stiùiridh is gheàrr an seann Nissan Primera aige a-steach do dhòmhlachadh na trafaige ma thimcheall, mar iasg beag is e a' leantainn air sgaoth mòr. Shàmh e a-mach is a-steach gu clis eadar busaichean is làraidhean. Bha na suathairean air beulaibh Ishmael ag obair gu luaineach, a' toirt sealladh priobach dha air glaisead Ghlaschu a bha ceithir timcheall air – glaisead nan togalaichean, glaisead nan daoine is glaisead nan sgòthan os a chionn: glaisead a bha fhathast coimheach dha, às dèidh dha a bhith a' gabhail còmhnaidh sa bhaile fad ochd mìosan.

Bha e air a dhol seachad air da sheata solais trafaig gun fhacal bhon phasaindear mus do leig Ishmael bhuaithe na faclan: "Drumgoyne Avenue, a bheil sin ceart?"

Cha tàinig facal bhon duine a bha

fhathast na shlaod air an t-suidheachan deiridh. Chùm Ishmael air, gu ruige an ceann-uidhe a chaidh a shònrachadh dha is e an dòchas, aig a chàr às lugha, nach biodh aige ris an duine a thogail às a' charbad aige an sin no gum biodh aig ri dìobhairt a nighe às na suidheachain aon uair eile. Nam faigheadh e pàigheadh gus nach fhaigheadh, b' e sin ceist eile. Bha Ishmael dìreach air tionndadh sìos bho North Frederick Street a-steach gu Cathedral Street nuair a thàinig làmh throm an fhir air a chùl sìos air a ghualann. Chlis Ishmael is thionndaidh ris an duine. Fo shròn tharraingeadh air falbh an làmh. Thàinig gròcail bhon chùl.

"Dulich, duilich. Cha robh mi airson ur clisgeadh."

Nuair a choimhead Ishmael san sgàthan, fhuair e sealladh air aogas plumach glastaidh an duine. Bha ceirlean dearga ma shùilean. Choinnich amharc ri clachan beaga drùidhteach a bh' aig sùilean an duine. Choimhead e gun dàrna taobh.

"S ann dìreach nach eil sin ceart," thuirt an duine.

Fògarraich

ALISTAIR PAUL



Bha na faclan aige nas coileanta na bha Ishmael an dùil is thàinig e a-steach air gur dòcha gun robh rudeigin a bharrachd air an deoch air.

"Dè?"

"Drumgoyne Avenue. Chan eil sin ceart."

"S e sin a th' agam. Sin far a bheil sinn a' dol."

"Cha tèid agam air a dhol an sin."

Gheàrr an Nissan aig Ishmael gu cruinn seachad air bus a dh'fhiar a-steach air a bheulaibh gu stad. Thàinig air a chas a shàthadh air a bhrèig on a bha an làraidh na stad an sin agus gus tionndadh far an rathad mhòr a bha a' tighinn gu h-obann ra shealladh. Cha robh e an gnè Ishmael a bhith mì-mhodhail, ach bha an suidheachadh san robh e ga chur droil. Thionndaidh e ris an duine air a chùl.

"Feumaidh mi an t-slighe a chaidh a thoirt dhomh a leantainn," spliathartaich e le mì-fhoighidinn na ghuth.

Gun freagairt an duine air a chùl, chùm Ishmael a' dol. Bha e air a dhol fon M8 is e a' gearradh sìos Hawthorn Street eadar

teanamaintean ruadh is feansa àrd ionad ghnìomhachais Cowlairs nuair a thàinig lasgan bhon chùl.

"Inbhir Nis!"

"B' àill leibh?"

"Inbhir Nis!"

"Inbhir dè?"

"Inbhir Nis, sin far an tèid mi. Sin an t-aon àite dhan tèid mi."

Thoinn làmh an Ishmael gu frionasach air a' chuibhle-stiùiridh.

"Sràid Inbhir Nis? Craobh-shràid Inbhir Nis?"

Le corragan a dhàrna làimh, bha Ishmael a' strì ris an ainm choimheach a chur a-steach dhan aplacaid sat-nav aige is an làmh eile aige greimichte ris a' chuibhle.

"Baile Inbhir Nis."

Le sin gheàrr Ishmael far an rathad air cùl bhana Hermes a bha na stad an sin. Aig oir a shùla, rèitich e an t-slighe air a fòn aige. Thàinig gròcail ghrànda a-mach às a' bhrèig-làimhe is Ishmael a' tarraing air gu teann. Thionndaidh e ris an duine air a chùl.

"Tha sin ceud, ceithir fichead sa h-ochd mìltean gu leth air falbh bho seo."

Gun fhios aige air na bu chòir dha a dhèanamh, dh'fhòn Ishmael a-steach dhan ionad-stiùiridh aige. Dh'èirich torman ghuthan sradagach fad tamaill aig an toiseach. Thionndaidh e ris a' phasaindear aige às ùr.

"Thèid agam air sin a dhèanamh, ach feumaidh sibh pàigheadh an toiseach."

Rùraich an duine gu cearbach na phòcaid-bhroillich. An ceann ùine is a-mach à doimhneachd a sheacaid lorcaich mhì-sgiobalta, dh'èirich an duine màileid-phòca shnasail sgiobalta. Thilg an duine fosgailte i air a shliasaid, a' toirt am follais sreath de chairtean creideis is trusan tiugh de nòtaichean a bha air am filleadh gu cuimhir a-steach dhan phòcaid, air an cùl. Ar rèir fianais a sporain, cha b' e seo fear a bha gann de stòras. Tharraing Ishmael an t-inneal chairt-chreideis aige a-mach às an t-seotal fon deas-bhòrd is às dèidh dha na fiogairean ceart a bhrùthadh a-steach ann, thabhainn e air an duine, a bha a' strì ri cairt fhaighinn às a' mhàileid-phòca aige.

“An urrainn dhomh?” thuirt Ishmael is le aon ghluasad ealamh, spion e a' chairt a-mach is smèid e thar an inneil i.

Phut e a' chairt air ais dhan mhàileid-phòca is le aon ghlùn air an t-sèithear aige is e a' crochadh a-steach dhan chùl, chuir e a' mhàileid-phòca air ais ann am pòcaid an duine.

Chunnacas iasg beag gorm an Nissan aig Ishmael a' snàmh bho sheo tro alltan is leas-aibhnichean Allt an Fhuarain, seachad air iomall Roinn Goilf Littleton agus Pàirc Bhaile Rab Ruaidh agus a-nìos gu abhainn mhòr an M8. Mun àm a dh'fhiar e a-steach dhan t-sruth air cùl bus City Link, bha am phasaindear aige na shuain cadail aig a' chùl is e a' srannail gu plathach. Ged a bha an càr aig Ishmael na iasg clis am measg trafaig a' bhaile, a' gearradh a-mach is a-steach gu dàna eadar sreathan, b' ann an seo a bha e taobh a-muigh àrainneachd dhualaiche is e a' gluasad gu mall, cùramach le làraidhean is fiù 's carabhanaichean a' dol seachad air.

On a ràinig e Glaschu cha robh Ishmael a-riamh air a bhith taobh a-muigh crìochan a' bhaile. Nuair a bha e air sruthadh air falbh bhon M8 a-mach air an M80 is an rathad air socrachadh beagan, chuir e làmh a-steach gu pòcaid a bhriogais is thug e a-mach dà dhealbh a chàraich e air an t-sèithear ri thaobh. Thug e plathadh sìos orra is choimhead suas airson nan trì rudan às prìseil dha san t-saoghal. Bu sin a bhean ann an aon de na deilbh air latha am pòsaidh is na mìog-shùilean cruinn donn aice a' coimhead suas air, beannag phurpaidh òir ghrinn ma ceann is pàtrain thoinnte henna air a làmh sin te roimhe. Gach turas a laigheadh a shùil air an dealbh thigeadh an là sin air ais thuige, mar gum b' e an là an dè a bh' ann, na mnathan ri crònan is gusgal le poitean an fheusta air an cinn, cho math ri faileadh a' bhìdh, na fir is an ròbaichean geala umpa, air an cruinneachadh fon t-seann chraoibh acàisea aig meadhan a' bhaile, leis a' chlànn ri cleasachd is spòrs is ag itealaich nan sgaothan mu na h-inbhich.

Bha a h-uile rud cho soilleir dathach. Ri a thaobh, san dealbh eile, bha an dà nighean aig Ishmael, is measgachadh de chleasachd is bàidh ri fhaicinn nan sùilean. Gach turas a laigheadh a shùilean-sa air an dealbh sin a-nis, b' i a' cheist a thigeadh thuige: 'sa oil, dè an coltas a bhiodh orra a-nis?' is bliadhna air a dol seachad bhon là a thàinig air soraidh fhàgail aca. B' iad na

h-ìomhaighean sin acair do dh'Ishmael, greimichte ris a' ghrunnnd, a' cur stad air bho bhith a' falbh leis an t-sruth. B' iad sin a thug dha adhbhar cumail a' dol is dòchas ann, aon uair 's gun rachadh aige air an obair-phàipeir a choileanadh is beagan airgid a chur mu seach, thigeadh iad còmhla a-rithist.

Bha an tagsaidh aig Ishmael air a dhol seachad air Peairt is a' dlùthadh ri Baile Chloichridh mus do dhùisg am pasaindear aige le cnead. Rinn an duine suidhe an àird le clisgeadh.

“Feumaidh sinn stad,” ghrad-ghlaoth e.

Choimhead Ishmael mu thimcheall. Air oir an rathad bha bacadh-thubaist is, eadar sin is an tarmac, cha robh ann ach stiall thana feòir.

“Chan urrainn dhomh!”

“An sin!”

Chomharraich an duine claon rathad air am beulaibh.

Shlug an rathad sin an tagsaidh aig Ishmael sìos sgòrnan lùbach tarmac eadar craobhan àrda, gam fàgail air rathad dìreach, a ruith an co-shìneadh ri Uisge Teimheil. Gheàrr Ishmael a-steach an sin dhan chiad àite pàircidh a chunnaic e. Cha robh an càr aige fiù 's air tighinn buileach gu stad nuair a theich an duine a-mach às an doras is seachad air a' ghàrradh ri taobh an rathaid, le cruinne-leum. Ged nach fhaiceadh Ishmael ach ceann an duine is a chùl ris, chluinneadh e an steall farmadach a thàinig na chois is e a' taomadh le neart air an fheur aig a chasan.

Thog Ishmael an dà dhealbh bhon t-sèithear, a dhinn e gu h-ealamh air ais dhan phòcaid aige is choimhead e air an dàrna taobh. Dh'fheith e agus dh'fheith e. Mu dheireadh thall, thug e sùil air ais, far am bu chòir dhan phasaindear aige a bhith, ach cha robh sgeul air. Shleamhnaich Ishmael fhèin thairis air suidheachan a' phasaindear ri a thaobh, gus nach nochdadh e air beulaibh trafaig an rathaid is dh'fhalbh e bhon càr. Thug e fhèin grad leum a-nis thairis air a' ghàrradh, ach cha d' fhuair e an sin ach bruach fheurach shleamhainn is bras sruth na h-aibhne an sin fòidhpe, gun sgeul air an duine. Cha tug e fada 's e na sheasamh an sin na thuaineal gus an do dh'fhairich e an uisge fuar, a' drùdhadh a-steach dhan na brògan-spòrs tana aige, bhon talamh bhog fòdhpa. Tro thorman socair an uisge, chluinneadh e cneadail. Thionndaidh e agus b' ann an sin fhèin a bha am pasaidheir aige, air a shlaodadh ris a' ghàrradh is e a' gal mar leanabh. Chliob Ishmael air ais, sìos a' bhruach, far an robh an duine.

“S còir dhuinn cumail oirnn,” thuirt e.

Le sin chuir e làimh fo achlais an duine ga chuideachadh gu a chois is an uairsin thairis air a' ghàrradh. Thuit an dithis a-steach dhan chàr is lean iad orra tro Baile Chloichridh is air ais, suas dhan A9. Bha na casan aig Ishmael a-nis bog fliuch. Chuir e air siostam teasachaidh a' chàir aig àirde an oidhirp an tioramachadh, a' cur trùman a' ghaotharain ri burreal an einnsein is grunnsgal nan làraidhean san dol seachad orra. Tron fharam, thàinig guth an duine sa chùl.

“Do-sheachanta, saoilidh mi. Mar a thachair. 'S fhada on a tha cùisean air a bhith a' dol leis a' bhruthach.”

Le teanga air fhuasgladh, thàinig na faclan nan steall a-nis, dìreach mar a thàinig am muin na bu thràithe, is na briathran a bha air a bhith ag ad na bhroinn, mar bhall teinne ag ad ann an bholcàno, ga losgadh air an taobh a-staigh, a' spreidheadh às. Sna beagan mìltean a lean, fhuair Ishmael làn a sheanchais. Mun chonas nimheil a bha air a bhith ann an oidhche a-raoir, eadar esan is a bhean. Am b' esan a choisich a-mach no am b' ise a thilg a-mach e? Cha robh e soilleir, ach fhuair e fhèin ann an taigh charaid is bha iad air teannadh ri òl. A-mach an uairsin



Kirsty MacLeod

leotha gu taigh-seinnse is an uair sin gu club-oidhche. Dh'fhàs cùisean doilleir aig an ìre-se, ach bha cuimhne mhath aige air na léotardaichean bèin-liopaird, a bha air mnathan a' phartaiddh-chirce san deach iad an sàs. Ann an uairean beaga na maidne, bha a charaid air falbh le tè de na boireannaich, ga fhàgail na aonar. Bha e air dùsgadh air being ann an Stèisean-thrèanaichean Shràid na Banrighinn.

Às dèidh dha leumadh a-steach dhan tagsaidh, thàinig air ais thuige na rudan suarach a chaidh a ràdh aig àird na sabaide, an oidhche a-raoir. Cha robh dòigh a b' urrainn dha dìreach a bhith a' nochdadh air ais air an stairsnich is gach tàthag is cronachadh is casaid a chaidh èigheachd fhathast nan crochadh os a chionn. B' e Inbhir Nis àite-àraich is màthair is bràthair dha fhathast a' fuireach ann. Bha e air faighinn a-mach cho beag feum 's a bha caraidean, nuair a bha feum aige orra. Aig deireadh gnothaich, b' e dàimh teaghlaich an aon dàimh a b' fhiach dha.

Bha sgoilaidhean air nochdadh sa chòmhdach thiugh de sgòthan os an cionn is colbhan solais a briseadh trompa, a' soilleireachadh ruadh-duinne fhogharach nan slèibhteagan aig astar is a' cur lannir air na h-altan a mhir tromhpa. Sna beanntan àrda aig cùl an t-seallaidh,

bha brèidean sneachda air an crochadh an siud 's an seo, am falachan nan coirean.

“Tha an dùthaich agaibh àlainn,” thuirt Ishmael.

“Cha robh fhios agam gun robh i cho bòidheach.”

Tharraing na faclan aig Ishmael an duine a-mach à breislich a smuaintean, tamall, is choimhead e mu thimcheall air.

“Tha. Tha sibh ceart.”

Lìon còisir meacanaigeach às ùr an clos a lean sa chòmhradh, clos a thug an dithis thairis air Druim Uachdair is a-steach am measg crainn giuthais is raointean farsaing Shraith Spè. Bha am Monadh Ruadh air faire is an Nissan aig Ishmael a' gearradh eadar tobhta Thaigh Feachd Ruadhainn, na seasamh air a' chnoc chruinn dhan dàrna taobh, is Baile Cheann a' Ghiuthsaich na shìneadh fòdhpa, air an taobh eile, mus do chuir an duine crìoch air a sheanchas.

“Thèid agam air a bhith beò às a h-aonais. Bidh e duilich, 's cinnteach, ach nì mi an gnothach air, mu dheireadh thall. Ach, 's e mo mhac – cha tèid agam air a bhith dealaichte bhon rud as prìseil dhomh air an t-saoghal air fad.”

Clos a-rithist, thug iad seachad air an Aghaidh Mhòir is a-nìos gu ruige an slochd mus do bhruidhinn an duine a rithist.

“Dè dhèanadh tusa? Duilich... chan eil fhios agam dè an t-ainm a tha ort?”

“Ishmael.”

“Ishmael, dè dhèanadh tusa?”

Mheòraich Ishmael air a' cheist fad ùine mhòir, mus tug e seachad a fhreagairt.

“S chòir dhuibh 'duilich' a ràdh rithe. Mathanas iarraidh oirre.”

Rinn am pasaindear shuidh an àird is dhlùthaich e air Ishmael gus an do dh'fhairich e anail air cùl amhaich.

“Chan urrainn dhomh sin a dhèanamh. Cha do rinn mi dad a bha ceàrr. Chan eil aithreachas orm mu aon fhacal a thuirt mi. An fhìrinn a th' agam.”

“Chan eil e gu diofar cò às coireach. Cha chosg am facal 'duilich' sgillinn dhuibh. 'S còir dhuibh 'duilich' a ràdh.”

Thuit an duine air ais san t-suidheachan aige gun smid aige. An ceann ùine, dh'èirich cruth Inbhir Nis bhon tarmac, air beulaibh Ishmael, is an Nissan a' cromadh an rathaid roinnte dha ionnsaigh le Linne Mhoireabh is Drochaid Ceasaig air a chùl. Thug Ishmael sùil fhair air an t-sat nav. Ghrad-amhairc e an duine san sgàthan.

“Tha sinn gus Inbhir Nis – an e sin ainm an àite? – tha sinn gus Inbhir Nis a ruighinn. A bheil seòladh agaibh? Cait an tèid sinn a-nis?”

Thug e sùil chlis eile air an t-sat nav.

“Tha sinn a' dlùthadh ri cearcall-rathaid.”

Phriob togalaichean Inbhir Nis orra bho chùl nan craobhan rin taobh is an cearcall-rathaid a' sìor dhèanamh orra. Dh'fheith am pasaidheir gus an robh iad air an slighe a-steach dhan chearcall greimichte eadar dà làraidh tomadach, mus tug e seachad a fhreagairt.

“Thalla timcheall an cearcall-rathaid is tillidh sinn a Ghlaschu.” ■

Nua-bhàrdachd le Deborah Moffatt is Marcas Mac an Tuairneir

Cumha na Cloinne-Nighean

DEBORAH MOFFATT

Latha blàth samhraidh,
na bà 's na laoigh ag ionaltradh
air an fheurach,
na caoraich sgapte thar na leargainn,
nighneag chiara
caillte ann an saoghal aice fhèin,
eadar solas na grèine
's dorchadas dubh a h-aigne,
falaichte fo dhìon
geugan biorach nan sgitheach,
air crith leis an eagal
's i ùr tighinn bho thìr fhad às,

clann-nighean a' bhaile air a tòir,
clachan san làmh aca,
fuath nan sùilean gorma garbha,
prasgan nigheanan
borba, an-ìochdmhor, nàimhdeil,
bana-ghaisgich na tìre
a' ruagadh nan coigreach 's nan lag
a-mach às an àite,
's na balaich leisg gan leigeil seachad
gus tig an latha
a bhios tighernas aca fhèin
air na mhnathan uile.

Innis Tìle

DEBORAH MOFFATT

Ann an Innis Tìle,
Ultima Thule, tìr nan iasg,
tìr nan dùil, chithear teine ag èirigh
às na beanntan, uisge teth a' spùtadh
às an talamh, aibhnichean-deighe ghorma
a' sìor ghluasad nan cadal meallta,
a' sìor atharrachadh cruth na tìre
falaichte fodhpa.

Caochlaideach,
cugallach, dùileach:
sin an tìre, Innis Tìle,
agus sin do bheatha innte,
a bhith a' feitheamh fad na thìde
ri cleas nan dùil – an talamh air crith,
a' bheinn na teine, an deigh a' leaghadh –
oir 's iad na dùilean fhèin a bhios an dàn dhut.

Càirdeas

DEBORAH MOFFATT

Is tusa an iarmailt,
caochlaideach, luaineach,

mise an talamh,
bunaiteach, daingeann,

tu a' ghrian
a' blàthachadh nan achadh,

mise an t-àrbhar
gam ghrianadh fhèin nad sholas,

tu an t-uisge
a' fliuchadh na talmhainn,

mise an abhainn
a' giùlan a' bhùirn dhan mhuir,

tu a' ghaoth
a' sèideadh às gach àird,

mise a' chraobh-beithe
a' luasgadh anns an oiteig,

tu an sneachd
a' cur 's a' cathadh air na beanntan,

mise an t-eigh-shruth
nam laighe air mullach na beinne,

thu na rionnagan
a' boillsgeach san speur,

mise a' choinneal
a' priobadh san uinneig,

thu a' ghealach làn
air oidhche dhorcha fhuar,

mise an t-aodann bàn
dhen chluasaig fo do cheann.

Bian an t-Sionnaich

MARCAS MAC AN TUAIRNEIR

Am preas mo mhàthar,
tha bian sionnaich air a chrochadh –
air a dhubhadh le tìm.
A' cumail làmh ris,
chì mi mo shin-sheanmhair
le dà dhiubh ma guailnean.
Na leth-aon de phaidhir
is air sgàth tabhartas neo-chiallach bean a mic,
's taisgte mo dualchas
an lobht cuid gun dàimh rium.

Puthaidean

MARCAS MAC AN TUAIRNEIR

Nuair a chunnaic mi air Instagram,
gur ann rim bheò,
a chailleamaid naochad
anns gach ceud puthaid,
bha mànrán ceanalta san duan,
a lìon an inntinn nam chluais –

Òran uaigneach:
air a sheinn, o oir an aon chreige,
far an do chùm gnùisean
gun aithne dhomh,
ach tro leughadh 's còmhradh,
am miann ris a' ghaoith.

Òran tagraidh:
làn iarraidh sìoft nan siantan,
ath-thoinneadh nan tonn,
a' snìomhadh fodhpa, mar theip
is sin clàradh na h-aoise analogaich.

San là an-diugh,
thèid mo bhuaireadh le òrain gach là,
a nochdas a dh'aona-ghnothach
air inneal mo phòca – iad
a thàinig gun iarraidh, mar
trì nithean gnàthais-chainnt
a ghlèidheas sinn an tasglann didseatach,
fhad 's a chrìonas an àrainneachd
dhan do bhuin iad.

Càrn

MARCAS MAC AN TUAIRNEIR

Air d' aire,
a chagair,
nan tigeadh tu
an comhair mo chùirn,
chaidh a thogail leis gach uile facal
a chuir an saoghal seo 'n chlà.
Òrain gaoil is in-ghabhaltais,
dàin rinn ciad iomradh ar seòrs'
is 's ann air mo ghuailnean fhìn
a sheasadh mus faiceadh tu 'm bàrr.
Air d' aire, a chagair,
nan leigeadh do ghòbhlag molag,
tha mo chàrn a-nis na bhalla,
a nì m' àrachadh 's mo dhìon,
is ged as tu an dùil gun seas mi
uaigneach seo na sgàil, ri mo thaobh
tha iad gun mhiadh do shlànair
a sheasadh fhathast mo chòir.

Eadar-theangachaidhean Òran

Home

LANA PHEUTAN

The city has always pulled me,
its bright lights blinding me
to anywhere else I could be,
live fast and loud,
the taste of love and blood on my tongue
defining for myself what it means to be young
living in collective mess,
a unifying nothingness.

There's a place where nothing is everything
a whispering wind,
no obnoxious buildings blocking
the setting sun

Where salty water lets a heart grow young.

To be reckless and come to no harm
is the gift of having love close by

but still
it journeys two hundred and eight miles

two hundred and eight miles
seems further every day,
and where I want to be
has never felt so far away:

Home is a place that I can touch.

I will no longer tempt fate
and leave words unspoken

say thank you and
I'm sorry for the things I have broken,
say
I love you,
and I hope you know I had to leave,
to let myself grow.

Take me home,
the only one I have ever known,
who I gave my all,
though it wasn't much at all,

When wrinkles mirror rivers,
running through me skin, she
will be the one love I didn't doubt.

Dachaigh

EADAR-THEANGACHADH LE
MARCAS MAC AN TUAIRNEIR

'S a' chathair bha tarraingeach riamh,
a solais shoilleir gam dhalladh
ro àite sam bith a dh'fhaodainn
fhèin bhith ann,
beò gu luath is gu h-àrd,
blas gràidh is fala air mo theanga,
ag ainmeachadh dhomh fhìn ciall na h-òige

beò ann an bùrach cumantais,
neonitheachd nì ar n-aonadh.

Tha àite far as neonitheachd gach nì,
gaoth a' cagarsaich,
gun thogalaich chaclach a' bacadh
na camhanaich.

Far as sruth sàil a' leigeas cridh' bhith òg.

Bhith ri cleas na faolaig gun èirigh uilc,
's sin tìodhlac gaoil, beò is làimh riut
ach,

's mi shiùbhlach fhathast dà cheud mìle 's ochd

ochd is dà cheud mìle
is coltas nas fhaid' air falbh le teachd gach là,
is cha robh mi riamh cho fad' air air falbh
bhon àit a dh'iarrainn:

Dachaigh – àit' ris am bean mi.

Cha mhise bhuaireas an dàn gu bràth
a' fàgail fhaclan gun labhairt

a' cantainn mo thainge is
gur mi tha duilich dhen rudan a bhris mi,
a' cantainn
mo ghriàdh ort,
is mo dhòchas gur eòl dhut is mi
a dh'fheumadh d' fhàgail
airson m' fhàis.

Thoir dhachaigh mi,
dhan aon àit' 's aithne dhomh,
dhan tug mi m' uile
ged nach bu mhòran a bha sin.

Nuair 's sgàthan ròcain aibhnean
a' ruith mi chraicinn luim, 's i 'mhàin
a bhios gun teagamh, 's m' aona ghràdh.

Cùm Cuimhne Orm a Ghràidh

FEARGHAS MACFHIONNLAIGH

Gun urra, Albannach, 16mh linn

Cùm cuimhne orm a ghràidh
Is iriosal mo chàil,
Chuirinn an cèill mo dhèidh gu lèir
Bhom chridhe dileas slàn.
Mo chridhe sèimh
Am broinn do chlàibh,
Cùm cuimhne orm mo ghràidh.

Cùm cuimhne orm faraoir,
Leig seachad gach ascaoir,
Saoil annad fòs aon lasair bheò,
Sin fios an àigh is m' aoibh.
Fìor ghaol gun deòir,
Mo lùig' as mò,
Cùm cuimhne orm faraoir.

Cùm cuimhne orm nam chràdh,
Fo an-ìochd ri uchd bàis,
Is ann mar bhuaidh do mhì-sgoimn cruaidh
A mhaireas annad fhathast.
Gabh truas, a luaidh;
Mo nuar, gu buan
Cùm cuimhne orm nam chràdh.

Cùm cuimhne orm mo ghràidh,
Bu tusa cùis mo chràidh,
Chaidh d'fhaclan faoin an sàs nam smaoin,
Mar leòintean domhain gun bhàidh;
Ach bidh mi a-chaoidh
Fìor agus caoin,
Cùm cuimhne orm mo ghràidh.



Kirsty MacLeod

Meas Neònach

FEAGHAS MACFHIONNLAIGH

*'Strange Fruit' – Abel Meeropol
air a sheinn le Billie Holiday air
a' chlàr 'Lady Sings The Blues', 1956*

Craobhan mu Dheas le measan cho geur
Fuil air an duilleach 's fuil aig a' freumh
Cuirp dhubha luasgadh san deòthan a Deas
Measan geura crochte bho na crithinn san teas.

Tìr Chinn a Deas cho mòrail na dreach,
Na sùilean air at agus am beul na chreach,
Fàile magnòilia, milis is ùr,
Tòchd obann na feòla dòite gu smùr.

Seo dhut meas le feannagan spìont
Le gaoth gu bhith sùghte, agus drùidhte le sìd,
Lobhte le grian, leaght à craoibh gu làr,
Cho neònach 's cho searbh am bàrr.

Червона Калина

Dreach Tùsail na h-Ucràinis

Ой у лузі червона калина похилилася
Чогось наша славна Україна зажурилася
А ми тую червону калину підійmemo
А ми нашу славну Україну, хей, хей, розвеселимо
А ми нашу славну Україну, хей, хей, розвеселимо

Is Mis' An Rathad Mòr

'I Am The Highway' - Chris Cornell, Audioslave

Neamhnaidean 's mucan cuidhteas mi.
Fad is cianail mo thriall air bhith.
Bha mi caillt' anns na bailtean, leam fhìn anns na cnuic.
Gun truas gam fàgail, caoidh idir nam chridh'.

Chan e mis' do rothan luatha – is mis' an rathad mòr.
Chan e mis' do bhrat air sgiath – is mis' an speur.

Càirdean 's breugairean, na bi feitheamh rium's.
Nì mi a' chùis nam shlighe fhìn.
Chuir mi milleanan de mhiltean mar-thà fo mo shàil,
Ach fada ro fhaisg riut tha mi faireachdainn fhathast.

Chan e mis' do rothan luatha – is mis' an rathad mòr.
Chan e mis' do bhrat air sgiath – is mis' an speur.
Chan e mis' do ghaoth a shèideas – is mis' an dealan.
Chan e mis' do ghealach fhoghair – is mis' an oidhch'.

An Cèir-Ìocan Dearg

*'Red Viburnum' – Pink Floyd
Den Òran Thraidiseanta Ucràineach*

O chèir-ìocan dheirg anns a' chluain ud air do chromadh sìos.
Coltas bròin air an Ucràin ghlòrmhoir, saoil gu dè is brìgh?
Togaidh sinn an cèir-ìocan dearg seo suas an àird
An uair sin a dh'Ucràin na glòire, nìhear iolach-aighear!
An uair sin a dh'Ucràin na glòire, nìhear iolach-aighear!

Club nam Balach is Cliché

Marcas Mac an Tuairneir

THA BHIDEO-CIÙIL ÙR aig Skerryvore air nochdadh air-loidhne, fhad 's a tha na gillean air chuairt san RA is gu h-eadar-nàiseanta, a' dèanamh deagh job is a' cumail cultar Albannach ri luchd-èisteachd ann. Leis an òran-shingilte ùr, 'Eye of the Storm' air thoiseach air a' chlàr ùr Tempus, tha an còmhlan air a bhith a' cluich le fuaimean nan 80an, a bha cuideachd ri chluinntinn aig Niteworks is seinneadair Gàidhlig eile, ron a' shin, fad nam bliadhnaichean a dh'fhalbh. Ged as rud math rudeigin ùr-ish a chluinntinn aca, tha bàrdachd an òrain gu math lag, an coimeas ris sàr-thàlant an luchd-ciùil air fad. Làn cliché, chan eil mòran ri innse aig seinneadair

Alec Dalglish ach 'Into the unknown / Falling through the sky / Chasing down the dream / Looking in the eye of the storm'. 'S e bàrdachd puirt a chaidh a chluinntinn roimhe is mar sin, thathas airson tuilleadh den strì a tha an gealladh an tiotal-òrain.

Tha Tidelines air a bhith soirbheachail, cuideachd, o chionn ghoirid, a' glèidheadh àireimh a trì-deug air cairt clàraidhean-chiùil na RA. 'S mor a' bhuaidh sin do chòmhlan a tha air a' chlàr ùr, An Ocean Full of Islands, a chur mu sgaoil gu neo-eisimeilach. Ach, am bàrdachd 'These Days' tha Raibeart MacDhonnchaidh ri crònan bodaich, agus an aon dramalaig tac-an-teine a-rithist, a' caoineadh nan

làithean a bh' ann, ged a tha e fhathast gun fheusag. Mar chlàr bhriste, a-mach air solais nìtheoin is dealbhan Vetriano, chan eil na h-ìomhaighean seo air an gur gu feum, ach airson beagan dath a chumail ri sealladh bèis, gun stoidhle no susbaint.

Ged a tha Skerryvore air beagan iolrachd a thoirt air a' chòmhlan, le Craig Espie, Alan Scobie is Jodie Bremanson làimh ri bràithrean Gilleasbaig Thiriodh, na làithean-sa, tha iad fhathast, cho math ri Tidelines, steigte sna h-80an a thug buaidh orra, gun bhoireannach ri fhaicinn nam measg. Nach biodh facal aca uile ri Skipinnish, Màmran is Dàimh, a rinn a' chùis, mu dheireadh thall, air co-dhiù trìuir bhan eatarra a lorg, gus beagan

co-ionannachd a' chumail ris an t-seirm. Nam measg, 's iad Skippinish a sgaoileas as motha brataich na co-ionannachd, le bana-chluicheadair beus agus buill LGDTC. A thaobh càich, 's seann-chleas bana-sheinneadair a chumail air thoiseach còmhlan, gus guth feimineach a chumail ris na h-òrain, ged as math taic a nochdadh ro thàlant nam ban, san fharsaingeachd. Mar sin, mean air mhean, tha na còmhlan-chiùil seo air thoiseach air Skerryvore is Tidelines, an sàs ann an riochdachadh an là a th' ann. Nam biodh Dalglish is MacDhonnchaidh deònach an leithid a dhèanamh, is dòcha gum biodh beagan bàrdachd smioralais aca ri seinn, ann an 2023. ■